

The Free Presbyterian Magazine

An Earrann Ghàidhlig

Thug thu bratach dhaibhsan don eagal thu,
gu bhith air a togail suas air sgàth na firinn Salm 60:4

FOGHAR 2016

An Referendum

Chan urrainn dhuinn ach làmh a' Chruitheir fhaicinn anns an *Referendum*. An aon oidhche, chaidh am *poileasaidh* a bh' aig a h-uile riaghaltas a tha air bhith ann am Breatainn bho chionn trì fichead bliadhna bun-oscionn; b' e siud a bhith a' gabhail ris an Aonadh Eòrpach. Cha robh sinn riamh toilichte a bhith san Aonadh Eòrpach agus 's e ar beachd-ne gun i an cuid ùrnaigh aig sluagh Dhè a rinn mòr-èifeachd air a' chodhùnadh aig deireadh an latha. Ge b' e dè thig às, bhuineadh dhuinn a bhith taingeil gum biodh e na bu duilghe don Phàp smachd fhaighinn thairis air Breatainn sna bliadhnaichean ri teachd. 'S e beannachadh mòr a bhiodh ann an sin fhèin.

Aon nì eile mu dheidhinn a' ghnòthaich seo, 's e gu bheil e follaiseach gu leòr nach robh fiughair aig Daibhidh Camshron gun robh e a' dol a chall an

Referendum. Gidheadh, chaill e e agus dh'fheumadh e a dhreuchd a leigeil às. Air an aon dòigh, b' fheudar do dh'Ailig Salmond an dreuchd a bh' aigesan ann an Alba fhàgail, nuair a chaill e an *Referendum* Albannach ann an 2014. Is iad an dithis a thug a-staigh an lagh-pòsaidh mì-mhoralta a thàinig oirnn ann an 2014. Chuir an Tighearna a-mach iad tre bhreitheanas a' mhòr-shluaigh. Ach mura faigh iad aithreachas airson a' pheacaidh mhòir a rinn iad, thig iad fo bhreitheanas fada nas uabhasaiche fhathast còmhla ris a' chòrr a bheir spèis don pheacadh ghràineil a tha 'n siud.

Glòir Chrann-Ceusaidh Chrìosd

Leis an Urr. Iain MacLabhrainn (1693-1754)

Ach nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd, tre a bheil an saoghal air a cheusadh dhòmhsa, agus mise don t-saoghal" (Galatianaich 6:14).

Air don t-searmon seo a bhith air a bhonntachadh air a' chiad phàirt den rann – “Nar leigeadh Dia gun dèanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Ìosa Crìosd” – is e an teagasg a tha gu sònraichte air fhilleadh ann, gu bheil crann-ceusaidh Chrìosd na adhbhar uaill do pheacaich thar gach uile nì. Seadh, gur h-e, air mhodh àraidh, an t-aon nì a-mhàin anns am bu chòir dhuinn uaill a dhèanamh; oir tha an t-iomlan de dh'irioslachadh Chrìosd, agus gu sònraichte a

bhàs airson pheacach, na chuspair dam buin a leithid de ghloir gun choimeas, 's gur cubhaidh dhuinn na beachdan as àirde agus as urramaiche altram da thaobh.

Tha sinn a' dèanamh uail ann an cuspair a tha a' gabhail a-staigh an dà nì seo; anns a' chiad àite, àrd-mheas a bhith againn air, agus san dara h-àite, dàimh no gnothach-eigin a bhith againn ris. Cha dèan sinn uail anns na nithibh ri bheil gnothach againn mur eil meas againn orra. Ach is e gnothach gach Crìosdaidh aideachail ann an seagh-eigin, agus uail a dhèanamh à crann-ceusaidh Chrìosd a thaobh an dàimh ris on leth-amuigh leis a' cho-cheangal-bhaistidh, agus do bhrìgh gu bheil toraidhean beannaichte a' chroinn-cheusaidh air an taisbeanadh gu soilleir, agus air an tairgse gu saor dhaibh. Gidheadh, is ann dhaibhsan a-mhàin, a ghabh gu treibhdhireach ris an tairgse, dan comas gu firinneach uail a dhèanamh anns a' chuspair seo.

Ach, gidheadh, tha an nì seo - a tha dhaibh siud na shochair - na dhleasdanas do na h-uile. Bu choir gum biodh na h-uile air an earalachadh gu uail a dhèanamh anns a' chuspair seo, gun cuireadh iad mòr-mheas air, air sgàth òirdheirceis mar tha e ann fèin, gun suidhicheadh iad an cridheachan air tre chreideamh do bhrìgh gu bheil e an tairgse; gun taisbeanadh iad am meas air le bhith ag iarraidh còir ann, agus air dhaibh meas iomchaidh a chur air agus còir fhaotainn ann, gun

dèanadh iad dicheall gu bhith a' dèanamh buan-ghàirdeachas ann.

Ach is ann le beachdachadh air glòir a' chuspair seo as fheàrr a thuigear nàdar a' ghàirdeachais a tha acasan a fhuair còir ann. Bha na fàidhean o shean, leis an robh teachd Chrìosd air ro-innse, air an lìonadh le aoibhneas aig meud an t-seallaidh shoilleir a fhuair iad air a' ghlòir. Tha am Mesiah air fhoillseachadh chan ann a-mhàin san Tiomnadh Nuadh ach mar ceudna san t-Seann Tiomnadh mar an neach as comharraichte agus as urramaiche bha riamh air an talamh. Tha iad a' labhairt Uime mar Uachdaran glòrmhor, mar Phrionnsa, mar Rìgh, mar Ghaisgeach buadh-mhor, a bhàrr air ainmeannan mòralach agus àrd-urramach eile, a' nochdadh gum biodh 'uachdaranachd farsaing agus buan-mhaireannach agus gum biodh an talamh uile air a lìonadh le 'ghlòir.

Ach bha a dhìblidheachd cho math ri 'mhòrachd air a ro-innse leis na fàidhean. Bha iad ag innse gum biodh e da-rìribh na Rìgh glòrmhor ach air a dhìmeas agus air a chur air cùl le daoine. Agus a dh'aoindheoin gach àrd-dhòchas a bh' aig an t-saoghal da thaobh, gun rachadh E tron t-saoghal fo thàir is fo dhìmeas, gun sùim idir dheth ach ann an rathad a bhith a' buntainn ris gu droch-mhuinneach.

Mu àm a theachd, bha na h-Iùdhaich ann an àrd-dhòchas ris mar ghaisgeach buadhach a bha gu Israel a shaoradh mar chinneach. Agus ma dh'fhaodar eachdraidh a chreidsinn, bha aig an àm cheudna rudeigin de bharail am measg fhineachean eile, gun robh Prionnsa gun choimeas ann an glòir ri èirigh suas anns an àird-an-ear – agus gu h-àraidh ann an Iudèa – a bha gu rìoghachd uil-fharsaing agus chumhachdach a chur suas. Ach bha an cridheachan dìomhain, cosmhail ri cridheachan a' mhòr-shluaigh anns gach linn, air mhisg le mhòr-mheas air greadhnachas talmhaidh, agus b' i sin a-mhàin a' mhòralachd dan robh tlachd no breithneachadh aca. Mar sin, rinn iad dealbh-inntinn dhethsan a b' e “miann nan uile chinneach” – ach dealbh a bha gu buileach neo-choltach ris.

Feumaidh Rìgh dam bi àrd-mheas aig an t-saoghal a bhith ann an seilbh air mòr-chumhachd, air armailtean lionmhor, crùn agus slat-riaghlaidh òir, rìgh-chathair stàiteil, lùchairtean àrd-inbheach, mòr-shaoibhreas agus air mòran dhreuchdan onarach, agus de dheagh-ghean rim buileachadh.

Ach cha b' ann mar suid a thàinig E. An àite crùn, crùn-sgithich; an àite slàt rìoghail chaidh cuilc a chur le fanaid na làimh; an àite rìgh-chathair, crann-ceusaidh. An àite lùchairtean, cha robh àit' aige anns an leagadh E a cheann; an àite chuirmean greadhneach do mhuinntir

eile, bu tric a bha E fèin acrach agus ìotmhor; an àite luchd-frithealaidh àrd-inbheach, buidheann a dh'iasgairan bochda; an àite mòr-shaoibhreas gu a sgapadh air muinntir eile, cha robh aige na phàigheadh a chis gun mìorbhail oibreachadh. Agus cha robh dreuchd no onar a b' fheàrr aige ri bhuileachadh air a chàirdean na gun togadh iad an crann-ceusaidh ann a bhith ga leantainn. Anns gach nì bha 'shuidheachadh uile-gu-lèir calg-dhìreach eu-cosmhail ri mòrachd shaoghalta o 'bhreth gu 'bhàs. Prasach an àite creathail aig a bhreith, gun àite san leagadh E a cheann mar bu trice rè a bheatha, no uaigh a bhuineadh dha fèin aig a bhàs.

Is e an sealladh seo air irioslachadh Chrìosd a ghluaiseas an t-as-chreidmheach gu bhith a' feòrach le frionas gearanach, "Càit a bheil a' ghlòir ud uile a tha cho ionmholta?"

Litrichean Alasdair Gair

Tha e gu math coltach, a-rithist, gur ann a dh'ionnsaigh

Eòsaiph MhicAoidh a chaidh an litir seo a sgrìobhadh.

A charaid chòir,

Thuirte Solamh gun dèan "an dòchas anns an cuirear moille an cridhe tinn; ach is craobh-beatha am miann nuair a thig e." Gu deimhinne, on a dhealaich sinn ri chèile ann an seo, tha mi air a bhith air uairean air mo

chuingealachadh cho mòr na mo smuaintean 's nach b' urrainn dhomh bruidhinn a dhèanamh mar a bu chòir air sgàth mo spiorad a bhith fo dhorchadas, agus e fo uallach an leann-duibh.

Eagal agus iomagain air an taobh a-muigh agus a-staigh, agus Laban air a chùlaibh le ghlaodh, “Carson a ghoid thu mo dhiathan... agus gun tug thu leat mo nigheanan?” Laban air deireadh airson a thoirt air ais a chum seirbheis a dhèanamh dha – agus Esau air thoiseach le mòran dhaoine armaichte a chum bacadh a chur air on a bhith a’ sealbhachadh gealladh tìr Chanàain. Tha Iàcob bochd gu dearbh air a chur an sàs eatarra.

Ma chuireas iad Iòsaph a-mach à Meaghrath, leig air falbh e, agus abair ris an olc nach tèid cùisean leis mura trèig e a pheacaidhean a dh’ionnsaigh Breitheamh sìol Adhaimh; agus abair ris an fhùirean gun soirbhich leis-san nuair a bhios am pàilleam-talmhaidh air a sgaoileadh às a chèile, agus ‘uallaichean-osnaich mar thoradh air truailidheachd na chrìdh’ 's na bheatha air an toirt bhuaithe; an lùib gach latha osna agus gul anns an fhàsach chlaoidhte a tha 'n seo. A thaobh thusa a bhith air do thoirt a-mach à Meaghrath, na bi gun mhisneachd – chì thu ann an Deuteronomi, “Chuairtich sibh an sliabh seo fada gu leòr.” Gabh ris a sin – thuirt Maighstir Lachlainn mu ùrnaigh an duine bhochd gu bheil

rud o charaid nach eil air a chur an cèill ro sgiobalta nas fheàrr na pàipear bàn. Air mo shon fhìn, tha mi, ma dh'fhaodas mi a ràdh, mar gum bithinn nam phreas a tha a' losgadh gu làitheil, ach, le a thoil-san a bha a' gabhail còmhnaidh anns a' phreas, cha deach mo losgadh suas fhathast.

Is mise, do charaid,

A. Gair.

Marbhrann air an Urr. Calum MacIllÌosa *le Niseach*

O ar n-ionndrainn às do dhèidh,
'S chan iongnadh e da-rìribh,
Cò lìonas t' àit' dhuinn às do dhèidh,
Gu mìneach' dhuinn na firinn.

Bu tu an Crìosdaidh gràdhach caomh,
Is smior an fhìor dhuin' uasail,
Bha do cheum a rèir do bheul,
'S tu beusach na do ghluasad.

An dèidh naomhachd bha do mhiann,
Is fhuair thu e gu cinnteach,
Gun smal, gun phreasadh tha thu nis,
Is bithidh feadh nan linntean.

O do shonas tha bith-bhuan,
'S tu 'n seilbh air saors' na h-oighreachd,
'S t' àmhghar bh' agad iomadh là,
Air tionndadh dhut gu aoibhneas.